

# Armachd

## Musgaidean

B' e nithean gu math prìseil a bha sna musgaidean. Bhiodh na h-**uaislean** 's na saighdearan a bha a' dol mu dheas neo don Roinn Eòrpa gan toirt air ais leotha don Ghàidhealtachd.

Bha meas mòr air musgaidean air Ghàidhealtachd. Bha iad air an cleachdadh airson **sealg** fèidh, agus bha miann mòr air a' chur-seachad a bha sin.



## A' bhiodag

Thàinig a' bhiodag Ghàidhealach – sgian shònraichte le lann fhada – bho sgeinean sna meadhan-aoisean mar an sgian *ballock* no an *dudgeon dagger*. Bha làmh na sgeine dèanta de dh'fhiodh, de dh'adharc no de chnàimh, agus mar bu trice cha bhiodh an lann air a **ghleusadh** ach air aon taobh, agus bhiodh sreath de **thulgan** air an lann. Bha pòcaid airson sgian bheag, no sgian 's forc, air na **truaillean** bho àm a bha gu math tràth.



## Claidheamh

Chan eil na claidhmhnean **cinn-aisneach** seo cho sean ris na 'claidhmhnean mòra' dà làmhach. Bha cinn-aisneach na bu shìmplidhe air na claidhmhnean a bu shine a bha aig Gàidheil. Tha e nas coltaiche gun do rinn luchd-ciùird na cinn eireachdail seo.

